

Gaeleg / Gaelic

Teachdaireachd Sìth 's Dòchais bho òigridh na Cuimrigh dha òigridh an t-saoghail.

Tick-tock. Tick-tock. Tha tìde a' ruith oirne agus tha sinn air crois-rathaid a ruigsinn. Tha atharrachadh sìde na fhìor thrioblaid 's feumaidh sinn rudeigin a dhèanamh mu dheidhinn.

Ma chumas cùisean a' dol mar a tha iad, cha bhi Am Pòla Tuath ri fhaotainn mar a tha e an-dràsta. Fìor.

Ma bhlàthachas an saoghal le 4c, sìnidh am fàsach Sahara cho fada tuath ris an Fhraing. Fìor.

Gu h-àbhaisteach, cruthachaidh gach neach anns a' Chuimrigh 11 tunna gualan dà-ocsaid gach bliadhna. Fìor.

Gu h-àbhaisteach, cruthachaidh gach neach ann an Kenya 0.2 tunna gualan dà-ocsaid gach bliadhna. Fìor.

Chan urrainnear a ràdh nach robh cualar gu bheil sinn a' cosg cus ghual. Gu bheil sinn a' sgriosadh na cruinne. Gu bheil sinn a' caitheamh cus sgudail. Gu bheil sinn a' marbhadh an t-saoghail.

Bha an t-aon teachdaireachd againn an uiridh agus a' bhon uiridh ach chan eil càil air tachairt bhon uair sin.

Tha sinn a' toirt cuireadh gu òigridh an t-saoghail an guth a thogail còmgla ruinn, òigridh na Cuimrigh. Nach coimhead sinn air atharrachadh sìde an-dràsta fhèin. Nach tagh sibh an slighe ceàrt. Tha iomadh cothrom romhainn 's dòchas againn airson an àm ri teachd.

Tick-tock. Tick-tock. An cluinn sibh an gleoc?

Cruithichte le Fòram Òigridh Cheredigion.